

## **O FAIR A-NALL AM BOTUL**

**[Iain MacMhurchaidh, Ceann t-Sàile]**

### ***Seist***

O fair a-nall am botul  
E cùm thall am bodach  
Nuair a chuireadh e oirnn sogan  
'S e 'm botul bu dochá leinn

Lion a h-aon dhiubh lion a dhà dhiubh  
Na biodh càram ort mun phaigheadh  
Mar a tachair e san laimh rinn  
Ni seiche na bò dàir an t-suim

Bitheamaid cridheil bitheamaid ceòlmhor  
Gabhair gach nì mar is còir dhuinn  
As a bheagan cinnidh mòran  
Tuilleadh 's na dh'fhònas a chaoidh

Fear is mothà cuid den t-saoghal  
Bidh e strì ri tuilleadh fhaotainn  
'S ma gheibh sinne biadh is aodach  
Cha toir esan maoin don chìll

Carson a bhiodh oirnne gruaimean  
Ged a muin an t-Earrach cruidh rinn  
Gheibh sinn creideas feadh na tuatha  
A nì suas na thug e dhuinn

'S beag mo shunnda ris an àiridh  
Far an do dh'fhàg mi mo chrodh àlainn  
'S gun bhith ann dhiubh ach na cnàmhan  
'S iad gun bhliochd, gun dàir, gun laogh

Bhean an taighe, ghaoil an fhortan  
Aiseig dhuinn a-nall am botal  
Olaidh sinn gu sunndach deoch dhe  
Chum na bochdainn chur air chùll